



Tha Leabhar Dhèir a' **riochdachadh** eachdraidh a thaobh **dualchas** agus **creideamh** a th' aig Alba agus Èirinn sa chumantas. Tha an ceangal aig an leabhar ri Crìosdaidheachd Cheilteach ga cheangal cuideachd ri Ceann a Tuath Shasainn.

**Tha na clàraidhean a tha ann an Gàidhlig fìor chudromach, oir tha iad a' dearbhadh gun robh Gàidhlig na pàirt mhòr de chultar Ear-thuath na h-Alba.**

Ged a bhios daoine a' smaointinn san latha an-diugh gum b' e a' Ghàidhlig cànan na Gàidhealtachd agus nan Eilean a-mhàin, nuair a chaidh na Notaichean Gàidhlig a sgrìobhadh ann an Leabhar Dhèir mu 1130 AD, b' e a' Ghàidhlig an cànan **làitheil** ann an Ear-thuath na Galltachd. Ge-tà, thàinig atharrachadh air a' chànan, agus air àireamh an **luchd-cleachdaidh**, anns an **sgìre** seo thar nan **linntean**.

